

AINM: _____

CLAS: _____

Ìre 4-7 Fileantaich

Cafaidh Ranji

le Dòmhnall Iain MacIomhair


Leugh an sgeulachd còmhla mar chlas.

Cànan

Coimhead air na pìosan fiosrachaiddh gu h-iosal agus tagh abairt/gnàthas-cainnt freagarrach bhon iosta a-h do gach suidheachadh. Chaith eisimpleir a dhèanamh dhut:

- | | |
|--|---|
| 1. <i>Mar a dh'ionnsaicheadh tu cànan.</i> | c. <i>Chaidh mo bhogadh ann an Gàidhlig.</i> |
| 1. Mar a dh'ionnsaicheadh tu cànan. | a. Cuiridh sibh gu Bòrd nam Bochd mi! |
| 2. Tha greis mhath bhon a bha mi ann. | b. Theab mi fannachadh. |
| 3. Dh'èirich e às a leabaidh gun fhios aige
dè bha a' tachairt. | c. Chaidh mo bhogadh ann an Gàidhlig. |
| 4. Cha mhòr nach do thuit mi ann an laigse. | d. B' fhada bhon a bha mi ann an Glaschu. |
| 5. Bhruidhinn sinn air dè nì sinn. | e. Chuir iad romhpa a dhol don Spàinn air
saor-làithean. |
| 6. Cha bhi sgillinn ruadh air fhàgail agam. | f. Cha robh agam ri sgillinn a phàigheadh. |
| 7. Rinn iad suas an inntinn cuairt a ghabhail
don Roinn Eòrpa. | g. Còmhradh mun àm ri teachd. |
| 8. Fhuair mi cupa tì an asgaidh. | h. Eadar a chadal 's a dhùisg. |





Freagair na ceistean air an sgeulachd.

1. Ciamar a fhuair pàrantan Ranji a-mach mun eilean an toiseach?
2. Dè cho fileanta 's a bha Ranji ann an Gàidhlig mun àm a dh'fhàg e an sgoil?
3. Dè bha Ranji am beachd a dhèanamh nuair a bha e deiseil san sgoil?
4. Dè shaoil Miss MacDuff den bheachd seo?
5. Ciamar a fhuair am mòr-shluagh fios mu Chafaidh Ranji?
6. An robh Ranji toilichte deoch an asgaidh a thoirt do Mhiss MacDuff?
7. Carson a chuir e iongnadh air Ranji gun robh Uilleam airson a bhith na mhinistear?
8. Dè na h-atharrachaidhean a bha Bella agus Stella airson fhaicinn sa chafaidh?
9. Carson nach robh pàrantan Ranji airson 's gum biodh an cafaidh fosgailte ceithir uairean ficead?
10. Dè dhùisg Ranji tràth an ath mhadainn?
11. Dè bha air tachairt?
12. Dè an obair a bh' aig Ranji nuair a thill e don eilean?
13. Càit an do dh'fosgail e raon-dèiligidh?
14. Nam biodh tu tinn ann an Tobhtabost, dè a' chomhairle a gheibheadh tu?

Dràma

Obraich ann am buidheann de cheathrar. Tha thu a' dol a chur dealbh-chluich air dòigh. Bidh an dealbh-chluich stèidhichte ann an àite-obrach air choreigin – raon-dèiligidh dotair, ospadal, taigh-bìdh no bùth.

Bidh cuid de na caractaran ag obair san àite agus cuid eile a' tadhail ann airson seirbheis air choreigin fhaighinn. Dè tha a' tachairt? Feuch ri stòiridh innse tron dealbh-chluich. Feuch ris an rud a dhèanamh èibhinn, ma ghabhas sin a dhèanamh.



Nuair a bhios na dealbhan-cluiche deiseil, faodaidh tu an sealltainn don chlas air fad. 'S dòcha gum b' urrainn do chuideigin à buidheann eile an dealbh-chluich a chlàradh gus am faic gach duine ciamar a chaidh dha.

An dèidh làimhe, smaoinich air cho math 's a bha am pìos a chruthaich thu, mar a dh'obraich thu còmhla ri daoine eile agus mar a chòrd an dealbh-chluich ri daoine eile sa chlas. Carson a tha na beachdan sin agad? Dè dh'faodadh tu a dhèanamh airson an rud a dhèanamh na b' fheàrr?

Obair leudachaidh

Gheibhear an dealbh-chluich Cafaidh Ranji air làrach Stòrlann cuideachd:
www.storlann.co.uk/goireasan/drama.html

